



## Eaconamaidh nas treasa le neo-eisimeileachd

BUILDING A NEW  
**SCOTLAND**



### Geàrr-chunntas

Seo geàrr-chunntas de mholaidhean Riaghaltas na h-Alba airson eaconamaidh nas treasa le neo-eisimeileachd. Tha barrachd fiosrachaidh mu na molaidhean agus mun fhianais a tha gam fiosrachadh ri fhaighinn anns an [làn sgrìobhainn](#).

### Chan eil eaconamaidh na RA ag obair do dh'Alba

Tha eaconamaidh na RA a' toirt seachad ìrean ìosal de tharbhachd, tuarastalan nach eil a' fàs, ìrean àrda de neo-ionannachd agus ìrean àrda de bhochdainn.

Tha gnìomhachd eaconamach na RA stèidhichte ann an Lunnainn agus ear-dheas Shasainn, ag adhbharachadh ana-cothrom do phàirtean eile den RA, Alba nam measg.

Tha an RA a' sìor fhàs iomallach. Bha droch bhuaidh air eaconamaidh na h-Alba bho bhith a' call làn-ruigsinneachd an-asgaidh air a' Mhargaidh Shingilte Eòrpach mhòr a bh' againn uair agus, san fhad-ùine, tha a' bhuaidh sin dualtach a bhith fìor mhòr.

Ged a bhòt Alba gu làidir gus fuireach san Aonadh Eòrpach (AE), cha b' urrainn dhuinn stad a chur air Brexit.

Tha poileasaidhean Riaghaltas làithreach na RA a' dèanamh nan dùbhlann eaconamach mòra – leithid atmhorachd agus èiginn nan cosgaisean bith-beò – nas miosa. Tha neo-sheasmhachd agus mì-chinnt a' dol am meud agus tha margaidhean ionmhais a' ceasnachadh comas eaconamach Westminster.

A bharrachd air seo, mar a tha fianais anns a' chiad fhiollseachadh san t-sreath A' togail Alba Ùr air sealltainn, tha dùthchannan Eòrpach neo-eisimeileach a tha coimeiseach ri Alba nas toilichte, nas beartiche agus nas cothromaiche na an RA. Tha iad am measg nan eaconamaidhean as soirbheachaile san t-saoghal.

### Tha comas fìor mhòr aig eaconamaidh na h-Alba

Tha neartan eaconamach làidir aig Alba. Tha na daoine sgileil againn, na gnìomhachasan beothail, agus na goireasan nàdarra againn airson a bhith a cheart cho soirbheachail ri dùthchannan Eòrpach neo-eisimeileach coimeasach.

Tha eaconamaidh na h-Alba air aon den fheadhainn as fheàrr a tha a' coileanadh san RA mar-thà. Tha an teachd a-steach as àirde againn gach neach ann an dùthchannan fèin-riaghalach no roinnean na RA, ach a-mhàin ann an Lunnainn agus Ear-dheas Shasainn.



**Scottish Government**  
Riaghaltas na h-Alba

Tha pailteas stòrasan nàdarra againn, le Alba air a rangachadh sa chiad àite am measg nàiseanan agus roinnean na RA airson comas agus cothrom airson fàs uaine.

Tha sinn nar dùthaich le àrd ìre de dh'fhoghlam agus de sgilean, le oilthighean aig ìre na cruinne agus tha foghlam oilthigh no colaiste aig cuibhreann nas motha den t-sluagh againn na àite sam bith eile san RA no san AE.

Tha roinn na dighe agus a' bhìdh againn fìor shoirbheachail, a' cumail taic ri 122,000 obraichean ann an Alba ann an 2019, agus tha i a' cur £5.8 billean dhan eaconamaidh. 'S e uisge-beatha Albannach an às-mhalairt dighe as motha ann am Breatainn, agus 's e bradan Albannach an às-mhalairt bìdh as motha san RA.

Agus tha prìomh speisealaichean againn ann an gnìomhachasan leithid teicneòlas didseatach, a' gabhail a-steach inntleachd fuadain agus tèarainteachd shaidhbear.

Tha plana aig Riaghaltas na h-Alba gus eaconamaidh na h-Alba a dhèanamh nas treasa agus nas cothromaiche às dèidh neo-eisimeileachd. Tha am plana mar a leanas.

## **Chleachdadh Alba neo-eisimeileach an not sterling, gus am biodh an t-àm ceart ann gus not Albannach a thoirt a-steach**

Ghluaiseadh Alba dhan airgead neo-eisimeileach aice fhèin, an not Albannach.

Gus an tachradh sin, 's e an not sterling a bhiodh aig Alba fhathast. Bhiodh daoine a tha a' fuireach ann an Alba fhathast a' faighinn pàigheadh ann an sterling, a' faighinn am peinneanan ann an sterling agus a' ceannach bathar is seirbheisean ann an sterling. Bhiodh gnìomhachasan fhathast ri malairt ann an sterling.

Bheireadh Banca Meadhanach Albannach ùr, neo-eisimeileach comhairle air cuin a bu chòir dhan not Albannach a thoirt a-steach, leis a' cho-dhùnadh dheireannach air a dhèanamh le Pàrlamaid na h-Alba.

Às deidh dhan not Albannach a bhith air a thoirt a-steach, leudaicheadh obair Banca Meadhanach na h-Alba gus an t-airgead ùr a riaghladh. Bhiodh am Banca ag amas air dèanamh cinnteach gum biodh seasmhachd ionmhasail ann.

## **Bhiodh ionmhas air a riaghladh gu cùramach ann an Alba neo-eisimeileach**

Rachadh buidhnean ùra a stèidheachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil ionmhas poblach seasmhach aig Alba neo-eisimeileach.

Dh'aontaicheadh Alba cuibhreann iomchaidh de dh'fhiachan na RA a phàigheadh, a' toirt aire do na stòrasan air a bheil Alba airidh.

## **Bheireadh tasgadh an toiseach tòiseachaidh as treasa do dh'Alba neo-eisimeileach**

Stèidhicheadh Riaghaltas na h-Alba Maoin Togail Alba Ùr gus suas ri £20 billean a thasgadh thairis air a' chiad dheichead de neo-eisimeileachd. Dhèanadh a' Mhaoin ath-thasgadh de theachd a-steach ola is gas, còmhla ri teachd-a-steach turchairt (*windfall*) eile, ann an eaconamaidh na h-Alba.

Bhiodh a' Mhaoin a' tasgadh ann am pròiseactan bun-structair mòra Tha iad sin a' gabhail a-steach pròiseactan a tha a' cur aghaidh air atharrachadh na gnath-shìde, a' cuideachadh na h-eaconamaidh gus fàs ann an dòigh nas cothromaiche, agus a' togail thaighean air prìs reusanta.

## **Bhiodh e na bhuannachd do mhuinntir na h-Alba agus dhan eaconamaidh againn a bhith air ais san AE**

Tha Riaghaltas na h-Alba a' moladh gum bu chòir do dh'Alba tagradh a dhèanamh airson a dhol air ais dhan Aonadh Eòrpach. Bheireadh seo a' chòir air ais do shaoranaich na h-Alba gluasad gu saor taobh a-staigh an AE.

Fo rèiteachadh ris an canar an Roinn Siubhail Coitcheann, bhiodh e comasach do dhaoine ann an Alba gluasad gu saor taobh a-staigh na RA, Èirinn, Eileanan Caolas Shasainn, agus Eilean Mhanainn.

Bhiodh luchd-gnìomhachais, gu sònraichte an fheadhainn a tha an sàs ann an às-mhalairt, a' faireachdainn bhuannachdan bho bhallrachd san AE. Bhiodh cothrom aca air Margadh Singilte na h-Eòrpa a tha, a rèir àireamh-sluaigh, seachd uiread nas motha na an RA. Mar bhall-stàit, gheibheadh sinn buannachd bho na cùmhnantan malairt a th' aig an AE mar-thà agus bho a chomas cùmhnantan malairt ùra a chòrèiteachadh le cumhachan buannachdail.

Gus an t-àite againn sa Mhargadh Shingilte a dhìon, bhiodh sgrùdaidhean ann air bathar a tha a' dol eadar Alba agus an RA, ach rachadh na sgrùdaidhean a thoirt air falbh eadar Alba agus na 27 dùthchannan eile san AE.

Fo chùmhnannt Brexit Riaghaltas na RA, tha sgrùdaidhean a' gabhail àite mar-thà air cuid den bhathar a tha a' gluasad taobh a-staigh na Rìoghachd Aonaichte: bathar a tha a' dol gu agus bho Èirinn a Tuath. Le Alba mar phàirt den AE, ghluaiseadh bathar le saorsa eadar Alba agus Èirinn a Tuath.

Chuireadh Riaghaltas na h-Alba taic phractaigeach dhìreach an sàs gus malairt a dhèanamh nas rèidh.


## **Dh'fhaodadh diofar roghainnean eaconamach Alba a dhèanamh nas cothromaiche, nas uaine agus nas beairtiche**

Tha eòlas bho dhùthchannan Eòrpach neo-eisimeileach a tha coimeasach ri Alba a' sealltainn gun urrainn eaconamaidh bheothail agus ceartas sòisealta a dhol làmh ri làmh. Tha iad a' neartachadh càch a chèile.

**Bhiodh stòrasan lùtha ath-nuadhachail ro-mhòr na h-Alba air leth cudromach dhan eaconamaidh ùir againn, a' lìbhrigeadh lùths earbsach beag-charboin le cosgais nas ìsle do dhachaighean agus do ghnìomhachasan. Dh'fhaodadh comas mòr na h-Alba a thaobh cumhachd na gaoithe aig muir, mar eisimpleir, dealan ath-nuadhachail a sholarachadh chan ann a-mhàin do dh'Alba ach cuideachd airson às-mhalairt dhan RA agus dhan Roinn Eòrpa.**

**Bhiodh siostam in-imrich ùr na bhuannachd do dh'Alba.** Faodaidh Alba neo-eisimeileach cur às do dhòigh-obrach "àrainneachd nàimhdeil" na RA, agus an àite sin a bhith a' tàladh dhaoine aig aois obrach agus an teaghlaidhean gus fuireach an seo. Chuidicheadh seo gnìomhachasan gus na sgilean agus na daoine a tha a dhìth orra a lorg agus bheireadh e taic do na ceàrnaidhean sin de dh'Alba as motha a tha ann an cunnart bho dhìth-sluaigh.


**Bhiodh dòigh-obrach ùr airson obair na phrìomh phàirt de bhith a' togail an dà chuid eaconamaidh bheothail agus comann-sòisealta cothromach.** Tha Riaghaltas na h-Alba a' moladh aon reat airson a' bhun-thuarastail nàiseanta — tè a tha a' freagairt nas fheàrr air a' chosgais bith-beò — gun reataichean nas ìsle a bhith ann airson luchd-obrach nas òige. Bhiodh ruigsinneachd nas fheàrr air obair shùbailte, bhiodh còraichean àite-obrach air an neartachadh, agus rachadh cur às do laghan obrach mì-chothromach mar a' chiad cheum a dh'ionnsaigh dàimhean gnìomhachais nas fheàrr.



## Co-dhùnadh

Tha Riaghaltas na h-Alba den bheachd gum feum sinn roghainn eadar-dhealaichte a thaghadh airson an àm ri teachd.

Ma bhios Alba neo-eisimeileach, is urrainn dhuinn eaconamaidh nas treasa a thogail —agus comann-sòisealta nas cothromaiche — còmhla, airson a' ghinealaich seo agus airson nan ginealaichean ri teachd.



© Riaghaltas na h-Alba, 2022

Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, An Dàmhair 2022.

Air a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NA PPDAS1142942 (10/22)